

Comataidh Inbhean MG ALBA

Oifis MG ALBA, Steòrnabhagh

Diciadain 24 Lùnastal 2016, 0900-1130

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Jo NicDhòmhnaill (sa Chathair) Magaidh Choineagan
Calum MacFhearghais Iain Stephen Moireasdan
Catriona Nic a' Phì

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)
Alan Esslemont (Ceannard Phrògraman)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis, BBC ALBA)

Gnothaichean gnàthach

Bha am Manaidsear Gàidhlig & Gnothaichean Corporra an làthair aig Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus chaidh notaichean a chumail leis an luchd-obrach a bha an làthair.

Chur an Cathraiche fàilte air Calum MacFhearghais chun a' chiad choinneimh aige.

1. Leisgeulan

Cha robh gin

2. Gnothach Dearbhte

Catriona Nic a' Phì – Farpais Chon Chaorach le mneTV agus prògram pìleat le Bees Nees, an dà chuid air a mhaoineachadh le MG ALBA.

Calum MacFhearghais – dùil tòiseachadh fo chùmhnannt preantasachd a' BhBC pàirt-maoinichte le MG ALBA, air 5 Sultain 2016.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 27/04/16

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

Modhan-coimhid beò, air innealan clàraidh agus air an iPlayer

Mhìnich Ceannard Phrògraman mar a bha 83% air fhaicinn beò, 10% air innealan clàraidh agus 7% air bhidio air iarrtas (“video on-demand”) a rèir Ofcom.

Sanasachd san dòigh as èifeachdaiche

Bidh pàipear air ro-innleachd conaltraidh fa chomhair na h-ath choinneimh. (Gnìomh: IMT)

Fiosrachadh mu rannsachadh Oilthigh Dhùn Èideann

Chaidh mothachadh gun robh an Oilthigh ag ullachadh tagradh airson rannsachadh a dhèanamh air buaidh nam meadhanan Gàidhlig.

Plana Gàidhlig mneTV

Bha ùidh aig buill fhaicinn ach thèid bruidhinn ris a’ chompanaidh. (Gnìomh: IMT)

Airson deasbaid

5. Lèirsinn 2021 – sùil ràitheil air adhartas a dh’ionnsaigh toraidhean

Bha pàipear air bheulaibh bhall a’ toirt iomradh air adhartas mu choinneimh gach amas ro-innleachdail Lèirsinn 2021.

Amas 1 - Ruigse agus ìre toileachais BBC ALBA an lùib luchd-cleachdaidh na Gàidhlig

Chaidh còmhradh a chumail air an crìonadh a bhathas a’ faicinn ann an ruigse na seanail an lùib luchd-coimhid na Gàidhlig, ach mar a bha an fheadhainn a bha a’ coimhead a’ cur seachad barrachd ùine air an t-seanail. Chaidh mothachadh cuideachd gun robh ruigse nan Naidheachdan a’ dol suas beagan. Chaidh mìneachadh gu robh na nithean sin mar chomharra air an luach a bha Gàidheil a’ cur air prògraman ùra, a tha gann as t-samhradh ach naidheachdan a-mhàin, agus gu robh buaidh na h-ath-chraolaidhean a-nis ga fhaireachdainn. Cumar sùil gheur air ruigse na seanail le clàr ùr an Fhoghair le amas gun till an ruigse seachdaineil gu seachad air 70%, an coimeas ri BBC One gu nàiseanta.

Chaidh còmhradh a chumail air cleachdadh na Gàidhlig ann am prògraman agus na duilgheadasan a bha mu choinneimh riochdairean. Chaidh a ràdh gu bheil fianais ann nach eil cinnt aig riochdairean air dè an taic a tha dhìth orra no ri fhaighinn. An lùib nan dùbhlain tha a bhith a' misneachadh agus a' leasachadh sgilean cànan an fheadhainn a tha deònach pàirt a ghabhail ann am prògram, no a bhiodh deònach nam biodh an oideachadh aca. Tha seo fìor cuideachd airson an fheadhainn a tha a' ceumnachadh bho fhoghlam tro mheadhain na Gàidhlig gu oilthigh no gu obraichean agus nach robh tuilleadh a' faighinn a' chothruim a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig cho bitheanta 's a tha riatanach airson an cuid comas a chumail suas agus a leasachadh.

Chaidh moladh a' chuspair a thogail le Bòrd na Gàidhlig. (Gnìomh: IMT)

Amas 2 – Àbhaisteachadh na Gàidhlig - an luchd-coimhid nàiseanta

Mar a thachair ann an 2012 bha buaidh aig na Euros agus na Olympics air BBC ALBA. Chaidh mothachadh gu bheil ruige seachdaineil na seanail air feadh Alba fhathast a' tuiteam.

Chaidh iarraidh gum bi coimeas ràitheil le seanailean eile an lùib nam pàipearan bho seo a-mach gus an tuigear na dùbhlain a bha cumanta do thelebhisean agus an fheadhainn a bha sònraichte airson BBC ALBA. (Gnìomh: AE)

Amasan 3 -5 - Sgilean, ùr-ghnàthachas an lùib òigridh, eaconamaidh agus obraichean

Chur a' Chomataidh fàilte air an adhartas a bhathas a' dèanamh tro iomadach phròiseact co-obrachaidh.

Chaidh innse gun robh suirbhidh air-loidhne beò an-dràsta a' sireadh bheachdan agus comhairle air leasachadh sgrìobhaidh. Bha mu 25 air freagairt, le beachdan làidir agus inntinneach. Thèid fios a thoirt dhan Chomataidh aig an ath-choinneimh. (Gnìomh: IMT)

A thaobh nam meadhanan sòisealta chaidh còmhradh a chumail mun obair a bha dol airson susbaint ùr a bhrosnachadh aig ìrean coimhearsnachd.

Chaidh fàilte bhlàth a chur air na lìonraidhean ùra a tha gan cruthachadh airson riochdairean agus gu sònraichte gu bheil sgaoileadair gu bhith ag obair ann an co-bhonn ri Young Films airson Bannan a thoirt gu luchd-coimhid thall thairis.

Amas 6 - Sgaoileadh eadar nàiseanta

Chaidh còmhraidh a chumail mu ro-innleachdan sgaoilidh, nan lùib seanail Youtube. Bidh pàipear fa chomhair na h-ath choinneimh. (Gnìomh: IMT)

6. Rannsachadh mu bhuidh BBC ALBA.

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an rannsachadh a bha a dhìth airson ceadachadh gum b' urrainn pròiseact susbainteach a thogail airson goireasan ùra ionnsachaidh a chruthachadh ann an co-bhanntachd le buidhnean eile. Bha an cuireadh gu tairgse fa chomhair nam ball agus chaidh innse gun do chur MG ALBA agus Bòrd na Gàidhlig am buidheann Meriel Young Consulting an-sàs agus gum biodh toraidhean na h-obrach agus molaidhean nan oifigearan fa chomhair na Comataidh anns a' chiad choinneimh de 2017. (Gnìomh: AE)

7. Gnèithean Phrògraman

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh beachd a' dèanamh iomradh air mar a bha na gnèithean a leanas ag obrachadh airson an luchd-coimhid air dè na roghainnean a bha mu choinneamh na seanail, gu h-àraid le cùmhnantan fad-ùine ùr a dhìth ann an 2017:

- Spòrs
- Drama
- Comadaidh
- Clann is Òigridh

Spòrs

Dh'fhàg Catriona Nic a' Phì an t-seòmar airson a' phuing seo air sàillibh a cùmhnant leis an riochdaire.

Chaidh mìneachadh gun robh cùmhnant SPFL agus Camanachd a' tighinn gu crìch aig deireadh na seusan seo, gun robh cùmhnant rugbaidh a' leantainn gu 2018, agus cùmhnant cuairt dheireannaich an Junior Cup gu 2019.

Chaidh bruidhinn mu roghainnean airson a bhith a' lìbhrigeadh spòrs bho 2017 a-mach a thaobh chòraichean, riochdachaidh agus maoinachaidh agus chaidh aontachadh gum biodh seo na chuspair airson a' Bhùird. (Gnìomh: AE)

Chaidh còmhraidh a chumail mu bhith a’ cruthachadh chothroman do luchd-bruidhinn òg le Gàidhlig mar phàirt den sgioba aithris agus chaidh aontachadh sin a leasachadh.

Drama

Chaidh fios a thoirt seachad mu na diofar phròiseactan leasachaidh agus na còmhraidhean a tha a’ dol. San fharsaingeachd chaidh moladh fiaradh gu òigridh a chur tron ghnè seo.

Comadaidh

Chuirear fàilte air an naidheachd gun robh coimisean ùr air a thoirt seachad.

Clann is Òigridh

Chuirear fàilte air an fhios mun rannsachadh a bhiodh a’ tòiseachadh air aois fo 12. Chaidh innse gun robh fianais a’ sealltainn nach robh pàrantan agus clann òga le Gàidhlig a’ faireachdainn gun robh ceangal aca le BBC ALBA mar bhrannnd, ged a bhiodh iad a’ coimhead nam prògraman. Chaidh gabhail ris nach e BBC ALBA am brannd as fheàrr air an son, agus gum bu chòir brannd phrògraman chloinne Gàidhlig a’ bhith fighte a-steach do na h-ùrlaran a dh’aithnicheadh clann agus pàrantan – m.e. mar “CBeebies ALBA”.

Cha a chomharrachadh gu robh còmhraidhean air a bhith a’ dol airson ùine agus gun robh e riatanach gluasad gu gnìomh.

Bhiodh na gnothaichean seo uile fo dheasbad aig coinneamh a’ Bhùird agus chaidh iarraidh air oifigear na roghainnean agus na molaidhean a chur fa chomhair nam ball. (Gnìomh: DC)

8. Pàipearan fiosrachaidh

Bha pàipearan air beulaibh bhall le fiosrachadh mu dheanadas na seanail agus nam meadhanan sòisealta. Cha deach puingeann a thogail nach robh cheana air an deasbad.

9. GISBE

Cha robh gin.

10. Deit na h-ath choinneimh – 19/10/16, Steòrnabhagh

Ainm sgrìobhte a’ Chathraiche:

Deit: